

CÒNNSACHADH

EADAR

AM PÀP AGUS AN T-ATHIL-
LEASACHADH. ✕

AGUS

FIOR FHOCAIL 'US SANASAN GÉURA.

LE

DONNACHADH LOUDIN.

TOΪRT UR.

DUNÉDIN:

MACLACHLAINN AN STIUBHARTACH, 'S AN CUIDD.

MDCCXLIV.

FOCAL DO'N LEUGHADAIR.

ANNS na h-argumaidibh fallain, firinneach a leanas, chithear am PÀP (*an t-ana-Criosd*) iar 'fhàsgadh 'us iar a rùsgadh o mhullach a' chìnn gu bònn a' choise,— gun òirleach de thalamh glan aige, air an urrainn e seasamh. Tha a mhearachdan eagallach, an-so, iar am bréugachadh 'us iar an dìteadh, gu-géur, le buaidh na Firinn. Is i ar dùrachd gach aon, a ta fo'n chùing dhòrch so, a bhi gu-luath iar a thoirt gu solus agus teagastg an t-soisgeil.

Dunédin,
An 10mh Mios 1844. }

NA CÌNN.

	Taobh
CÒNNSACHADH EADAR AM PÀP AGUS AN T-ATH-	
LEASACHADH,	3
SEAN FHOCAIL AGUS COMHADAN,	17
DEÒCH AN DORUIS,	26
LAOIDH A' CHREIDMHICH,	27
AM BOGHA-FROIS,	33

“Is Mòr an Fhùirinn agus bheir I Buaidh.”

CÒNNSACHADH

EADAR

AM PÀP AGUS AN T-ATHLEASACHADH.*

*Tha 'm Pàp agus an t-Ath-Leasachadh†
An so a' fèuchainn nau céuman,
'S gach seòl a bha iad a' leantainn
Mu'n deach' iad mu-seach air a chéile.*

*Tha pùngau a' Chreidimh'g an dearbhadh
Le argumaidean 'tha cho làidir,
'S gu'm féud thu fhaicinn le d' shùilibh
Có am fear dhiùbh bha 's an fhàiling.*

-
- 1 CHUNNAIC mi an t-Ath-Leasachadh,
'S dh'-fheuch e dhomh gu'n robh e dileas,
'S e air Pillear an Fhreasdail
'G a chumail 'n a sheasamh dìreach.
 - 2 Chunnaic mi 'm Pàp' ann an uaimh,
'S e 'sealltainn gu-li-uamhara dìblidh;
'Sa li-uile neach a thàinig fiar air,
Chas e fhiacan le strì ris.

* Faic Turus a' Chriosdaidh,—An t-3^s. Earran.

† The Reformation, or Protestant Religion.

- 3 Bha àrmailtean mòra mu-'n-cuairt dà
 'N an seasamh gu cruadalach dileas,
 Chum am *Pillear* ud a theanndadh,
 'S gu-n deantadh cam na bha dìreach
- 4 Na'm b' urrainn e cothrom fhaotainn
 Air na daoinibh nach do chòmhnh leis,
 Gu-m fuilingeadh iad am bàs gu h-ùmhail,
 Mur grad mhùthadh iad an dòchas.
- 5 A. Thuirt *an t-Ath-Leasachadh*'s e'g éirigh,
 Ma's tus'a' Bhéista tha's an Fhirinn,*
 'S beag an t-ioghn' thu bhuntainn déis-neach
 Ris gach neach nach géill do d'iomhaigh?
- 6 P. Is mise fear-ionaid *Pheadair* ;
 Tha 'n Eaglais uil' air mo chìram ;
 Is beag an t-ioghnna dhomh bhi dubhach
 'S a' chuid a's mò air eur cùl rium.
- 7 A. Cia-mar 's urrainn thu dhearbhadh
 Gur ann riut a dh'-earbadh 'ait-sa,
 'Us céum d' a ròd nach 'eil thu 'stiùradh
 Saor o 'n chùis 's an d'-rinn e fàilinn ?
- 8 P. Cia an céum nach 'eil mi 'leantainn,
 No 'n d'-rinn mi mearachd no fàilinn,
 'S gu-n d'-fhuair mi 'mach ioma seòl '
 A chumail còmhnaidh ri luchd-cràbhaidh?

- 9 A. Ciod am fénim th' ac' air do sheòladh-s'
 'S an Sgriobtùr fo'n scòid, 's e'g innseadh
 Gu-n tig mallachd air gach duine
 Chuireas tuille ris na sgrioblit' ann?*
- 10 P. Cha do chuir mise gu-léir ris
 Ach ni tha'n Sgriobturféin a' dearbhàdh
 Gur còir dhuinn a bhi 'g an cumail,
 Mar tha *crucifix*† 'us Dealbhan.
- 11 A. Cia-mar 's urrainn thu innseadh,
 No leis an Sgriobtùr a dhearbhàdh,
 Gur còir dhuinn géilleadh no lùbadh,
 No ùmhlachd a thoirt do dhealbhan?
- 12 P. Cha n-ànn dòibh tha mise 'géilleadh,
 Cha n-éifeachdach gu mo dhion iad;
 Ach nach fiù iad beagan meas
 Air-son gach neach ta iad a' ciàllach'?
- 13 A. Tha sin an-aghaidh nan àithntean‡.
 'S eha dean e stà chum ar còmhlnadh;
 Am feud do bheachd bhi air an altair,
 'Us air flaitheanas, mar chòmhla?
- 14 P. Nach feairrd sinn na dealbhan againn
 Chum maise chur air ar n-aoradh?
 Nach mòr an tiomach' bheir e d'aigne,
 Rud fhaicinn seach bhi'g a smuaincach?

* Deuter. iv. 2,—xii. 32. Taisb. xxii. 18. † Crois.
 ‡ Ecsod. xx. 4. Deuter. iv. 15—18. xvi. 22.

- 15 *A.* 'Nuair a théid thusa do 'n Eaglais
 'S a leigeas tu air do ghlùin thu,
 An urrainn d' inntinn gun bhi 'dearcadh
 Far am beachdaich thu le d' shùilibh?
- 16 *P.* Nach mòr is feirrid mi bhi 'g am faicinn,
 Chum 's gu-n taisicheadhiad m' inntinn?
 Cha deanadh e urrad de stà dhomh,
 Ged bhiodh neach gu-bràth 'g a innseadh.
- 17 *A.* Tha thusa cosmhail ri Tòmas,
 'S mòr tha annad de 'n an-earbsa';
 Cha chreid thu dad ach na chì thu,
 Ged tha 'm Piobull air mar dhearbhadh.
- 18 *P.* Càit' an d'-fhuair thu 'n gliocas mòr sin,
 Dh'-fhàg cho eòlach anns gach càs thu?
 Am féud thu àicheadh, 's na dean bréug,
 Gur ann a-mach uam fén a chàidh tu?
- 19 *A.* Is ioma céum a rinn sinn cuideachd;
 'Nuair a bha gach duine 'g ar dìteadh,
 Chaidh thusa air seachran 'sa' cheathach,
 'Us lean mis' an rathad dìreach.
- 20 *P.* Is tusa fén chaidh bhàrr an rathaid,
 'Us dh'-aithnich gu'n cuiriun tòir ort;
 Dh'-fhàg thu do mhuinntear 's do rìoghachd,
 'Us chaidh thu thir nach robh thu còlach.
- 21 *A.* 'Nuair chaidh thusa 'n-aghaidh d'òrduigh'
 Nach bu chòirdhon iñ, 'n-sin, do thréigsinn

B' fhearr dhomh pilleadh 'n leth an àthá,
Na gu 'm bàthteadh sinn le chéile.

- 22 *P.* Nach iomadach neach de d' sheòrsa
Rinn mis' a leònadh 's a mharbhadh,
'Chionn iad féin a bhi cho gòrach
'S nach gabhadh iad an seòl a b' fhearr
dhoibh ?
- 23 *A.* Ta thusa mealladh nam mìltean
Le d' chuilbheart innleachdach faoine ;
'S b' fhearr leam-sa bàsach' 's an fhìrinne
Na gu-n strìochdainn do thoil dhaoine.
- 24 *P.* Is neònach leam nach 'eil thu strìochdadadh,
Ma 's duine 'g am beil ciall no tùr thu,
'Us gu'm beil dearbhadh anns a' Phìobull
Air gach nì a chuir thu cùl ris.
- 25 *A.* Am beil am Piòbull ort-sa 'g iarraidh
Am fion a chumail o d' luchd éisdeachd,
'S thu fein a bhi 'g an deanamh cìnnteach,
Gur i ful an Tì chaidh chéus' th' ann ?
- 26 *P.* An saoil thu 'n urrainn 'fhuil 'us 'fheòil
Gun chòmhnuidh ghabhail mar-ri chéile?
An ti sin a dh'-itheas an t-aran,
Bidh 'n fhuil aige mar-an-céudna.
- 27 *A.* An oidhch' a rinn e 'n cùpan òrduchl',
Thuirt e, " Olaibh-se gu-léir dheth,"

“ Chumail cùimhne suas ri 'r beò
 “ Air m' fhuil-s' 'dhòirteadh inu'n
 “ chrann-chéusaidh*.”

- 28 *P.* Bheannaich c 'n t-aran, 'us bhris e,
 'S shìn e dhòibh e 'n sin gu-deònach ;
 “ So mo chorp-sa th' agaibh 'nise,
 “ A chaidh bhriseadh air-son mhòrain†.”
- 29 *A.* An robh 's an aran sin ach sàmhìadh,
 (Thog e suas 'n a laimh o 'n bhòrd doibh),
 Air a chorp a bha 'g a bhriseadh,
 'S fiosaca nach b'fhuil's nach b' flicòil e ?
- 30 *P.* Ciod tuille th' agad ri labhairt ?
 Ged théid thu cho fad 's is léir dhuit,
 Feuch am faigh thu pùng a'm' òrdugh,
 Nach 'eil còmhdach air, 'us déuchainn ?
- 31 *A.* An saoil thu'm beil de chumhachd agad-s,
 Cho fad 's gn'm beil thu a'd' dhòchlas,
 Na bheir an Tighearn as na flaitheis,
 'Us 'fheuchainn an riochd arain
 dhòmh-sa?
- 32 *P.* Tha mo chumhachd-sa cho làidir,
 'S ma tha duine 'chaill a chiall ann,
 Bidh na deambain ùmhail do m' fhocal,
 'Us téicidh iad a-mach air m' iarrtas,

* Luc. xxii. 19, &c.

† Matt. xxvi. 26, &c.

- 33 A. Dh'-innis ar Slànuighear féin duinn
 Gu-n robh daoine ris an t-seòl sin,
 'Bheir òrdugh a dhruideadh 'mach,
 A-chionn nach robh ac' air eòlas*.
- 34 P. Tha thu nis' iar sgaoileadh comuinn,
 'Chionn gu'n d' fhuair thu comas pòsaidh,
 Ged bha mis' 'g ad dheanamh cìnnteach,
 Gur ann singilt bhi bu chòir dhuit.
- 35 A. Tha 'n Spiorad ag innseadh gu soilleir
 Gu'n tigeadh luchd-saobhaidh gòrach,
 'Toirt airc do theagasc dheimhan,
 'S ag iarraidh fuireach gun phòsadht.
- 36 P. Ta thusa meallta 'n ioma barail,
 O'n tha thu cho lag a'd' dhòchais,
 An neach do nach aithne an rathad,
 Is deacair dhà 'ghleidheadh gun seòladh.
- 37 A. Càit an urrainn thus' a shèdladh ?
 Cha n'-eil d' eòlas seach am Piobull ;
 Cha robh thu an saoghal nan spiorad,
 A chum sinne dheanamh cìnnteach.
- 38 P. Is aithne dhomh gu-math mar thà iad ;
 Tha cuid diùbh ann àrosaibh glòrbhor ;
 Tha cuid anns an eadar-mheadhon,‡
 'S cuid eil' ann an ionad na dòruinn.

* Matt. vii. 22, 23. † 1 Tim. v. 3. ‡ Purgadair.

- 39 A. Cha chuala mi ionad meadhoin
 Bhi 'n taobh so de fhlaitheas na glòire ;
 Chaidh *Làsarus* gu uchd *Abrahaim*,
 'S chàidh *Dives* gu àros na dòruinn.
- 40 P. 'S e *Pùrgadair* an t-ionad meadhoin,
 Mu'm beil mi 'labhairt an-còmhnuidh,
 An t-àit anns an téid na h-anaman
 G' an glanadh o shalachar na feòla.
- 41 A. O nach 'eil earran de 'n Phìobull
 Ag innseadh mu leithid a dh' àite,
 Is cruaidh òirnn gabhail ris mar fhìrinn,
 Ged dh' innsteadh dhuinn leis a' *Phàp* e.
- 42 P. Tha 'n t-apstol *Peadar* ag ràdh
 'Nuair a bhàsaich Rìgh na siothchaidh
 Gu-n deach' e a shearmonach' a-rìs
 Do na spioradaibh ann am priosan*.
- 43 A. 'Nuair a dh'-fhàgas sluagh an saoghal,
 Tha na sgriobhaichean naomh a' dearbhadh
 Nach dean aithreachas dad féum dhoibh†,
 'S c'uime dh' éisdeadh iad ri searmoin ?
- 44 P. An cuir thus' an-aghaidh an Sgriobtnir,
 'S thu bhi 'g a flaicinn le d' shùilibh ?
 Feuch an urrainn thu g' a innseadh,
 Ach mar mhìnich mis' an tùs e ?

* 1 Pead. iii. 19.

† Eoin. ix. 4. Eccles. ix. 10.

- 45 A. 'S e'n *Spiorad* mu'm beile a' labhairt;
 'S an sluagh a bli' ànn ri làithibh Nòâh,
 Do'n d'-rinn e searmon an trà sin,
 Tha'n trà so am priosan gun dòhchais.
- 46 P. Ta thusa 'm barail nach còir dhuinn
 Bhi sireadh còmlnaidh nan Aingeal,
 No luaidh thoirt orra 'n ar n-ùrnuigh,
 No air na Naoimh air an talamh.
- 47 A. Ta 'm fàidh Isàias ag ràdh
 Gu'm beil *Abraham* ain-fhiosrach òirunn*;
 'S bhi sireadh còmhnh' air na h-Ainglibh,
 Cha n-eil an Sgriobtuir 'g a òrduch'.
- 48 P. Dh'-iarr Jacob air an Aingeal,
 Thug oiche mar-ris anns an t-shlighe,
 Gu'm beannaicheadh e clann Iòseiph,
 'Nuair thàinig iad 'n a chòir' uan dithist†.
- 49 A. An urrainn thu innseadh le fìrinn,
 Co bha 'strì ris anns an àm sin,
 No thug còdhail dhà 's an t-shlighe?
 Nach e an Tighearn bha càinnt ris?
- 50 P. Ta thusa cho dàll ann ad inntinn,
 'S nach iarr thu sìth do na dh' fhalbhas,
 G'an greasadhl á h-ionad a' ghlanaidh,
 Do chum an sonas a shealbhach'.

* Isai. lxiii. 16. † Genes. xxxii. 24—30. xlvi. 16.

- 51 A. An do léugh thu mu Apostol no Fàidh,
 Na daoin' a's fearr tha air an ainmeach',
 'G an robh leithid sin de chleachdad,
 Anns na chàidh seachad a dh' aimsir?
- 52 P. Tha na *Maccabees* ag ràdh
 Gur còir do bhantraichean Criosduidh
 Bhi 'guidh' air-son anama 'm fear-tighe,
 Do chum 'us gu'm faigheadh iad sioth-
 chaidh,
- 53 A. Cha bhuin nì air bith do'n Phìobull
 Ach na sgrìobhadh leis na Fàidhean;
 'Us bha iadsan an-déigh dol seachad
 Mu'n deachaidh na daoine sin àrach.
- 54 A. Feuchaidh mi dhuit dearbhadh éile,
 'Us chì thu féin gu'm beil e dàicheil;
 'Sann's a' Ghrégis' chàidh an sgrìobhadh,
 'S i 'n Eabhra a bh' aig na Fàidhean.
- 55 P. Tha do luchd-leanmuinn-s' ag ràdh
 Nach'eil am Pàp' 'n a dhuine seasmhach;
 Gu'm beil e ciontach am fàiling,
 'S e sin r' a ràdh, ann am peacadh.
- 56 A. O'n cheud tuiteam a rinn *Àdhamh*
 O staid uan Gràsan le seachran,
 Cha n-urrainn thu aon duine fhéuchainn,
 A bha gu-léir as-éugais peacaidh.
- 57 P. *Sacharias* 'us *Elis'bet*,
 An dithis sin ma ghabh thu beachd orr',

Ghluais iad neo-chiontach le chéile
 'An uil' àithntibh Dhé's'n a reachdaibh*.

- 58 A. Chì thu gu-tric anns a' Phiobull,
 Air a sgrìobhadh leis na fàidhean,
 Nach urrainn aon duine feòlar
 Fuireach beò, 's a bhi gun fhàiling.†
- 59 P. Is neònach leam thu bhi cho gòrach,
 'Fuireach anns an dòchas fhaoin sin ;
 Saoilsinn nach 'eil cumhachd agam-s'
 Maitheanas a thoirt do dhaoinibh.
- 60 A. Labhair na h-òighean glice
 Ris a' chuignear bha éu-céillidh,
 Nach tugadh iad oladh g'an eòmhnhadh,
 Gun fhios an robh gu leòr dhoibh féin ann‡
- 61 P. Labhair ar Slànuighear ris na h-Apstoil,
 Mu'n deachaidh e bhàrr an t-shaoghal,
 Gach peacadh mhaitheadh iad air thalamh,
 Nach rachadh an agairt air daoinibh.
- 62 A. Ma 's ànn air-son òir no earrais,
 Tha thu 'eur maitheanais 'n an tairgse,
 Ciod thig air na daoinibh falamh
 Nach urrainn a cheannach' le h-airgid?

* Luc. i. 6.

† Gen. vi. 5. Salm xiv. 3, liii. 3. Rom. iii. 10, 19.

‡ Matt. xxv. 9.

- 63 A. Ta thusa fad ànn an dòchas
 Nach còir ùrnuigh dheanamh 'an Laidin ;
 No idir nach gabhar uainn i,
 Mur tuigear leis an t-shluagh air fad i.
- 64 A. Thug ant-Apostol *Pòl* dhuinn dearbhadh*
 Nach 'eil tairbh anns a' chùis sin ;
 Cia-mar their an sluagh "biodh amhluidh,"
 Mur tuig iad aon drànnnd de 'n ùrnuigh ?
- 65 P. Is e am Pàp tha 'n àite *Pheadair*,
 'Na cheann na h-Eaglais' air thalamh ;
 'Us tha esan ag innseadh 's ag òrduch'
 Gur còir i bhi ann an Laidin.
- 66 A. Cha chuala mi cumhachd bhi aig *Peadar*,
 Seach a' chuid éile de na h-Apstoil,
 Ach *Iudas*, an Traightear soilleir,
 Gu'n d'-fhuair esan comas a chirochadh.
- 67 P. An urrainn thu innseadh no fhéuchainn,
 Nach e th' ann an àite *Pheadair* ;
 'Us dh'-fhàg e againn an dréuchd sin,
 A ghleidheadh téaruint', a' Chreidimh ?
- 68 A. Cha chuala mi guth air an dréuchd sin,
 Cho fada 's a léughas sinne,
 Ach gur e chaidh ghairm an toiseach
 A dh'-fhosgladh doruis do na cinnich†.

* 1 Cor. xiv. 1—23.

† Gniomh. x. xi.

- 69 P. Ta thusa an aghaidh bhi measgadh
 Uisg a' Bhaistidh le salann,
 Ged tha 'n Sgriobtur a' féuchainn
 Gu'm beil e féumail gu glanadh*.
- 70 A. Na'm biodh a leithid sin de ghnàth
 'S an fhàsach 'nuair rinn e töiseach,
 Cha robh de Chaidsearan 's an talamh
 N'a chumadh salann ri Iòrdan†.
- 71 P. Is toil leams' bhi 'deanamh ceartais,
 A' cumail gach âchd mar is còir dhomh;
 'Us air a' mheud 's mu'n labhair thusa,
 Cha chuir thu mis' as mo dhòchas.
- 72 A. Tha thu a'd' dhuine naimhdeil fuileach,
 Rud nach buin do'n Chreideamh Chriosd-
 uidh,
 Ged tha 'n Tighearn a' féuchainn
 Gur ànn da-féin a bhuineas diogh'ltas‡.
- 73 P. Na daoine nach robh 'g am leanachd,
 'S nach deanadh a bheag de m' òrdugh,
 O'n 's iad-fein a rinn am briseadh,
 Cha do thoill iad iochd no tràcair.
- 74 A. Is ioma naoidhean agus cìochran,
 Do nach d' thainig ciall no eòlas,

* Marc. ix. 49, 50.

† Matt. iii. 5, 6.

‡ Rom. xii. 19.

A bhual thu an ecann ris a' bhalla,
Mar gu-m biodh ann madadh òtraich.

- 75 P. 'Se thug dhomh bhi marbhadh chiochran,
Do nach d' thàinig ciall no eòlas ;
Na'm faigheadh iad ùiu na b' fhaide,
Chinneadh iad cosmhuil ri 'n seòrsa.

- 76 A. Rinn *Ninebheh* mòran coire
Ann an-aghaidh righ na glòirc ;
Ged do bhrosnaich an seann sluagh c,
Ghabh e truas de 'n leanabaibh òga.*

- 77 P. Tha mis', ann an àit nan Apostol,
'Labhairt gu-ceart ris an t-saoghal ;
A' mìneachadh dhòibh an fhocail,
Anns gach achd mar tha foillsichte.

- 78 A. Thug an t-Apostol *Pòl* mar shàmhlaadh
Air luchd-teagaaisg nach do thoill ris,
Gu-n rachadh Sàtan gu-h-ullamh
Ann an crùitheachd Aingil soillset.

* Jonah iv. 11.

+ 2 Corint. xi. 12.

Mar ùbhlan òir ann an dealbhaibh airgid, tha focal
a labhrar gu-h.iomchuidh.—*Gnà-Fhocail*, xxv. 11.

SEAN FHOCAIL, AGUS COMHADAN.

1 'NUAIR a chailleas neach a mhaoin,
'S gnothach faoin bhi 'g iarraidh meâs ;
Ge' do labhair e le céill,
'S beag a gheibh e 'dh'-éisdeas ris.

2 'S beag sgòinn do mhòintich am monadh ;
'S beag sgoinn do choille am fàsach ;
'S lugh a meas tha 'dhuine falamh,
'Nuair tha earras an-déigh 'fhàgail.

3 'S ioma caraid th' aig-fear saoibhir ;
Tha daoine bochda gun plirìs ;
'S gànn a dh'-aidicheas an cairdean
Gu-m buin iad dòibh, 'us iad bhi 'n dìth.

4 'S fearr a bhi bochd na bhi bréugach ;
'S fearr fheuchainn na bhi 's an dùil ;
'S fearr am fear a chosdas beagan,
Na 'm fear a théicheas ann an eìil.

5 Tha 'n fhìrinn gu cliùteach sona,
Cha chron air duine bhi fìal ;
'S fearr beagan auns an onoir,
Na donas 'us ccithir cheud.

6 Is ainnig a dhí'-eireas fortan

Lc fear crosta bhios gun chéill ;
 'S fearr do dhuine fuireach sàmhach,
 Na droch dhàn a chur an-céill.

7 Eiridh tònn air uisge balbh ;

Gheibhear cearb air duine glic ;
 Eiridh gnothach le fear màll ;
 Brisidh 'm fear tha 'càll gu-tric.

8 Ta 'ghaineamh féin anns gach sruthan ;

Cha n-eil tuil air nach tig tràghadh ;
 'S don' an Càirdeas gun a chumail ;
 'S cha n-fhaighear duine gun failing.

9 Is coltach fear tha ris an fhòill,

'S nach 'eil sgòinn aig' do 'n chòir,
 Ris an duin' a thaisg an luaigh,
 'Us a thilg uaith an t-òr.

10 'S dona thig maighdean gun bhi béisach ;

Cha dean fear gun ghéire dàn ;
 Cha dean fear gun fhoghlum léughadh ;
 'S cha tig Léigh gu duine slàn

11 'S math bhi siothchail anns gach bàll

Caillidh daoine dàll an t-iùl :
 Issona neach a bhios gun bhéud ;
 Ach caillidh luchd nam bréug an cliù.

12 Smuainich mu 'n dean thu labhairt,

Ma 's àill leat do gnothach 'bhi réidh ;

'S fearr dhuit scalltainn beagan romhad
 Na scalltainn fad air do dhéidh.

13 Is tràm snith air tigh gun tuthadh ; }
 'S tràm tubaist air na dràigean ; }
 'S duilich do mhnaoi beanas-tighe }
 'Dheanamh air na fraithibh fasa.

14 Cha tràm leis an loch an lach ;
 Cha tràm leis an each an t-srian ; }
 Cha tràm leis a' ehaor' a h-oluinn,
 'S cha truimid a' choluinn a ciall.

15 Cha tràm leis an fhiadh a chabar,
 Cha tràm leis a' choileach a chìrean ; }
 Nì a mheasas aon neach mar lethtrom,
 Chì neach eil' e mar thoilinntinn.

16 Ta 'n neach tha gleidheadh seanchais
 dhiomhain,
 'S a leigeas diadhaidheachd fo 'bhouu,
 Mar a bha 'n té a thog a chàth,
 'S a dh'-fhàg an cruineaehd air an tòm.

17 Caillear mart an droch mhuthaich',
 Seachd bliadhna roimh a mithich ;
 Ta sud a' feuchainn 's a' dearbhadh,
 Gu-n tig an t-earchall le mi-fheairt.

18 Cha n-fhuirich muir ri uallaeh ;
 'S cha dean bean luath maorach : }
 Cha dean bean gun náire eugann : }
 'S cha dean bean gun fhuras aodach.

- 19 "Far am bi bò bidh bean,
 'S far am bi bean bidh buaireadh ;"
 Far anì bi fearg bidh bruidhinn,
 'Us as a' bhruidhinn thig tuasaid.
- 20 Am fear a bhrathas 's e mharbas ;
 Cha deanar dearbhadh gun deuchainn ;
 'S gànn a dh'-aithn'eas tu do charaid,
 Gus an tachair dhuit bhi d'éigin.
- 21 Cha n.'eil saoi gun choimeas ;
 Cha n.'eil coille gun chrionach ;
 'S fearr beagan a mhathadh
 Na sean fhalachd a dhioladh.
- 22 'S math caraid 's a chùirt,
 Ma thig neach gu trioblaid ;
 Ach 's fearr cun 's an làimh
 Na dhà air iteig.
- 23 Leag d' eallach air làr mu'n lag thu,
 Ma dh'-aithn'eas tu d' eallach tràin ;
 Is mòr gur fearr an cù a rùitheas,
 Na 'n cù a shuidheas air tòm.
- 24 Beantilachdmhorgun ghniomh, gun ghleidh-
 Ge' do thaitinn i ri d' shùil— [eadh,
 Ciod am féum a ta 'an lànn,
 Mur bi làmh air a cùl.
- 25 Piäid chaileig' air bheag eáill,
 Ged robh féudail aic' 'us stòr ;

Cha n-fhéind a fear a bhi sona
 Ma bhios i gnogach 's an t-shròin.

- 26 Bean gun nàire, gun ghliocas,
 Bean mhisgeach gun bhéusaibh;
 B' fhearr dhuit cù chur mu d'amhaich
 Na do cheangal ri té dhiubh.
- 27 Bean àrdanach labhar,
 Bean ghabhannach chéilidheach ;
 Is tùs trioblaid 'us aimbeairt,
 Dol gu d' cheangal ri té dhiubh.
- 28 Am fear a gheallas 's e dh'-iocas ;
 'S e 'm fear a dh'-iarrings a phàigheas ;
 Cha chòdir do neach a bhi ullamh
 Gu dol an' cunnart no 'n' gàbhadh.
- 29 Am fear nach dean ar* ri làtha fuar,
 Cha dean e buain ri làtha teth ;
 Am fear nach dean obair no gniomh,
 Cha n-fhaigh e biadh feadh nam preas.
- 30 'S fearr sìth á preas na strì ri glais ;
 Bi faiceallach mu d' ghiùlan.
 'S furas seasamh 'n gnothach ceart,
 Ge d' théid gach cùis gu 'n dùbhlàn.
- 31 'S e tùs a' Ghliocais eagal Dé ;
 Cha dean éucoir do chur suas.
 Co dhiùbh is math no s' olc a' d' chré,
 'S ànn do-réir a gheibh thu duais.

* Ploughing.

- 32 'S fearr an Ceartas glan na 'n t-òr ;
 Is beag air duine còir an fhoill ;
 An neach a chàras thu o' d' chùl,
 Chuir c a dhùil an' cuid an doill.
- 33 Is ciatach gnothach follaiscach,
 Ach 's dona comunn cealgach ;
 An rud a gheibhearr aig ceann an Deamhain,
 Caillear e aig 'earball.
- 34 Is olc an toisceach cogaidh 'Gheilt ;
 Cha n-ionan sgéul do 'n Chreich 's an
 Is searbh glòir an fhir a théich, [Tòir ;
 'S am fear a dh'-fhuirich ni e bòsd.
- 35 Is fearr bhi tais na bhi ro bhrais,
 O 'n 's e is lugha cùram ;
 'S fearr suidhe 'n tigh a' bhròin,
 Na 'n tigh a' chiùil 's an t-shùgraiddh.
- 36 Cha toir neach air éigin beartas ;
 'S duilich droch chleachd a chur fàs ;
 Bheir gach Dònach leath' an t-Sheachduin,
 'S bheir am peacadh leis am Bàs.
- 37 Na bi ealamh air trodadhl,
 'S na bi toileach air tuasaid ;
 Ach ma 's tòigh leat do leanabh,
 Na bi leasg air a bhualadhl.
- 38 Bi 'n comhnuidh air taobh na siothchaidhl,
 'S na bi di-chaisg air bhicag aobhar

'S fearr dhuit amadan a bhréugadh,
 Na dol g' a fheuchain ann an caonaig.

- 39 Na bi talach air do chuibhroinn
 Ged do robh i baileach sòmhail,
 'S fearr greim tioram le siothchaidh,
 Na tigh làu iobairt' le comhstri.
- 40 Dol a strì ri rud gun choslas,
 Cha n-'eil ànn ach gnothach faoin
 Cha tig féur tre na clachaibh ;
 Cha tig folt tre chlaigeann aosd'.
- 41 Ta e cruaidh air duine lag,
 Dol ri bruthaich chais 'n a stéud ;
 'S tha e tearc am-measg an t shluagh
 An neach sin a gheibh buaidh air féin.
- 42 Na bi 'cur a' chiont' air càch,
 Ma tha 'n fhàiling agad-féin ;
 Is duilich neach a rib' an' slaod,
 'Us ceann an taoid aige-féin.
- 43 Neach tha gu-math is còir dhà fuireach,
 'Us gun bhi 'strì ri rud nach iomchuidh ;
 Is tric bha càll an-déigh an turuis ;
 Ach 's buidh le amadan imrich.
- 44 Is fearr cù bed na leòbhan marbh ;
 'S fearr min gharbh na bhi gun bhleth :
 An rud a chi thù thogas fearg,
 Na dean dearmad air a chleith.

- 45 Thoir aire cia-mar għluaiseas tu :
 Cha toir thu buaidh le farmad ;
 Is tric le gnothach mi-runach,
 Gu-n criochnaich e neo-shealbhior.
- 46 Bi eòlach mu dhuine an tùs,
 Mu'n innis thu do rùn gu 'cheann ;
 Na cuir do chlàr air a thaobh
 Do neach nach saoil thu chur rud ànn.
- 47 Na gabh farmad ri neach idir,
 Ged shaoil thu a staid bhi mòr ;
 A' bheann a 's àirde tha 's an tìr,
 'S ann oirre 's trice chi thu 'n ced.
- 48 'S math an gille greasaidh 'n t-eagal ;
 Ta rud air theagamh duilich innseadh ;
 'S fearr dhuit téicheadh le h-onoir
 Na dol thoirt oïrp' neo-chìnntcich.
- 49 'Nuair a théid thu do 'n tigh lionna,
 Na h-iarr bhi 'g amait na pàirti ;
 'S mithich druideadh chòir an doruis,
 'Nuair a theannas an sporan ri àicheadh.
- 50 Is diomhain duit a bhi 'toirt teagaisg
 Do neach a chuir cùl ri eòlas ;
 Mar thionndas a'chonhl' air a bannaibh
 Pillidh an t-amadan r' a ghòraich.
- 51 Ge do robli thu dripeil,
 'S còir dhuit bhi air d' fhaicill ;

Sd na tomha trice
Ni na tomhaisean cearta.

- 52 Tha ar n-ùin a' ruith gun stad,
Ceart cho luath 's a thig clach le gleann;
Ni i stad 'nuair thig i 'n lag,
'Us bidh a h-astar aig a cheann.
- 53 Ceart mar a thig gailleann no sìan,
An uair nach miann leat i bhi ànn
Is amhluidh sin a thig an t-éug,
Ge do shaoil thu nach b' e 'n t-à m.
- 54 Ceart mar a sgaoileas an ceò,
'Nnair a thig teas air o'n Ghréin ;
Is amhluidh sin a shiùbhlas glòir,
'Us ioma dòchas air bheag féum.
- 55 Cha b' e comunn an dà ghànn,
A bha shànnnt orm dheanamh riut ;
Ach an rud bhiodh agad 'ghabhail uait,
'S an rud a bhiodh uait a thoirt duit :
- Nach b' e sud an comunn saor ? [chlàr ;
'S cha b' e comunn nam maor mu 'n ,
B' e 'n comunn-sa a bhi 'toirt 'nùll ;
'S cha chomunn ach a-nùll 's a-nàll.
- 56 Ma 's fior gach sean fhocal,
A labhradh le luchd géirec ;
Bheir fóid breith agus bàis
Duine air atha 's air éigin.

DEOCH an DORUIS.

SLAN do d' mhnaoi ghil ; slàn do d' mhac-aibh ;

Slàn do d' theach o 'm binne ceòl ;
Slàn do d' shràchdaibh geala gainearnaich ;
Slàn do d' bheanntaibh o'm bi 'n ceò.

O 'n tharladh dhuinn-ne bhi sona,
'S beairt dhona nach tig ruinn ;
Air ghaol sìth', 's air eagal conais,
Thugar *Deòch an doruis* dhuinn.

LAOIDH A' CHREIDMIICH.

- 1 'S mòr an toilinntinn do na naoiinh,
An làtha priseil a chuir thu 'thaobh ;
Bithidh 'm béusa, 's cleachda, a-rèir do
reachd-sa,
A' gabhail tlâchd annt' le 'n uile smuain.
- 2 Bithidh an ìnnitinnean ag èiridh 'suas,
Gu Tigh an aoraidh 's am bì ort luaidh ;
'Se d'fhocal a lèughadh, 's bhi 'g a èisdeachd,
An ceòl a 's èibhinne a bhios 'n an cluais.
- 3 'S an uair a sgaòileas iad bho chèile,
'S e so an còmhchradh a bhios 'n am bèul ;
O nach sgriòbh thu air clàr ar crìdh' e
'S gu'm bi c deàlradh 'n ar gniomh, 's 'n ar
bèusan.
- 4 Ar n-Athair nèamhaidh tha 'chòmhnuidlì
àrd,
'S e'n eridhe ìosal a bhòthan taìmh ;
Tha 'sheire 's a' chaomhalachd do na naoimh,
'S cha tig traoghadh air a ghràs.
- 5 'S e stéigh a' Bhìobuill 's an Tiomnaidh
Nuaidh,
An gaol a dhearbh e dhuinn a bhi buan ;
O thuiteam Adhaimh 's e sheas ar n-àite ;
'Iochd no 'fhàbhar cha do bhuin è uainn.

- 6 An cunnart bàis tha gach neach an tùs
 Ach gus an creid iad ann a' Criod ;
 Fo sgiathaibh gràsail mathig sinn tràthail
 Cha chuir ar Slànuigh'r gu-bràth ruinùi cùl.
- 7 O'n staid nàduir ma gheibh sinn dùsg',
 Bithidh sinn àluinn 's a chruthach' ùr ;
 Gheibh sinn fàillte o fhear na bàinnse,
 'S bithidh slàint do ar n-anama dlù.
- 8 Gu ar deanamh saoibhir bha esan bochd,
 Air-son ar n-éu-ceartan chaidh a lot ;
 Gu'r deanamh rèidh ris chaidh fheadil a
 rèubadh,
 'S chaidh uan Dè chuir fo chuibhrich
 goirt.
- 9 Chum ar fuasgladh o gach daorsa,
 Chaidh 'n t-sleagh a shàthadh a-stigh 'na
 thaobh-sa ;
 Bha neart 'g a fhàgail 's a chridhe càirdeil,
 Le saighdibh cràiteach air a chlaoidh.
- 10 Chreid Noah na briathran caomh,
 'Us ghleidh an àirc e o'n tuil a thaom ;
 Ni àirc a' chùmhnaint ar nasgadh dlù ris,
 Ma bhios sinn ùmhal d'a reachdan naomh.
- 11 Leig Daniel a thaic ri 'dhìon,
 Ri bèul nan leòbhan do chuir e srìan ;
 Ge gèur an tosgan chum reub' is lotan,
 Cha do dhochnuin iad a bhìan.

- 12 Tha n leòbhainn bêueach 'n a chèumnan fìar,
 Chum sinne réubadh, 's a thoirt 'n a lòn;
 Cha-n fhaigh e fàth oirnn fo bhrat a
 ghràidh-sa,
 A sgaoil an Slànuighear oirnn gu'r dòn.
- 13 'Nuair thig sinn dlù dhà chum beath' 'us
 slaint,
 Bithidh sinn tearuint' o ar n-uile nàimh;
 'S e'n gaisgeach trèun e a stiùr a thréudan,
 Gu tobar aoibhinn a mhaireas làn.
- 14 Fo bhrataich neamhaidh ma chathas sinn,
 Bithidh sinne leis-san, 's bidh esan leinn;
 'S e àirm na soillse bheir e d'a shàighdearan,
 'S ceann-feadhna dhòibh Righ na sìth'.
- 15 Ni roimh-bhlas air an t-sonas mliòr,
 Roimh-shealladh foillsichte air a ghìdir,
 'S beathachadh anam' è, 'san fhàsaich thalam-
 haidh,
 Seal mu'n sealbhaich iad a ghìdir.
- 16 'Nuair a thig teachdair na sìth' d'ar còir,
 'Sa theid ar créubhag a chuir fo 'n fhòid;
 Thig crioch gach dolais, 'us toiscach solais
 D'ar n-anama beò aùn an sonas mòr.
- 17 'S e 'n caithream buadhar a chanar leinn,
 Theich gach truaigh a bha 'm fagus dùinn;
 Anns an fhàsach riùn sinne 'm fàgail,
 Na gathan bàis 'us cha lot iad sinn.

- 18 Bithidh a' mheud dhinn 's a lean an t-uan,
 Air ar sàsachadh le beatha nuaidh ;
 Air ar n-éideadh le trusgan gle-ghlan,
 A nigh e-féin 'nuair a thug e buaidh.
- 19 'Nuair a bhios sinn a dealradh 's an trusgan úr,
 Théid ar n-àgharan uil' air cùl ;
 Teichidh an sgàil a tha oirnn an drasd',
 'S chi sinn ar Slànuigh'r gnùis ri gnùis.
- 20 'Nuair théid an saoghal so 'n a smàl,
 Cha d' thig aomadh air gnìomh nan gràs :
 Ni 'n t-uan an saodach' gu beatha aoibhinn,
 A' mhcu'd 's a dh'-aontaicheas leis 'n a thrà.
- 21 A' mheud 's a ghràdhhaicheas a reachd air
 chòir,
 A-chaoïdh cha tràillean iad ni 's mò ;
 Bithidh am peacadh 'bàsachadh, 's an neart
 cho gràsmhor
 Mur gu'm fàsadhbh an sean ás ðig.
- 22 Ni c sgiath dhuinn an àm ar fèum',
 Nì ar dòn 'us ar saor' o phéinn ;
 'S e bheir gach dòlas ás ar pòrsan,
 'Us ar sligh sheòladh gu sòlas rèidh.
- 23 Cha chuir an saoghal no 'mhaoin air chùl,
 Meud ar saoibhreis o rìgh nan dùl ;
 'S e tha mi 'n dòchas tha aùn ar pòrsan,
 An crùn glòire sin nach searg 's nach mùdh.

- 24 Tha mo dhùil ann an Righ na sìth',
 Tha deanamh fàbhair dhùinn anns gach tìm ;
 Gu 'n toir a ghràsan dhùinn scalbh 'am
 pàras,
 Sonas àrd air nach d'thig crioch.
- 25 'S e rinn ar Slànuigh 'r a lot an tùs,
 Mèud ar fàilinnean anns gach cùis ;
 Chum sinne shaoradh chaidh 'fhuil-sa thao-
 madh,
 'Sa thoirt dhuinn oighreâchd am-measg nan
 naomh.
- 26 A chrann-cèusaidh ma nì sinn uaill,
 A' ruith na rèise bheir sinn buaidh,
 Dh'-innis Pòl ann am briathraibh sòlais ;
 An crùn glòire bhios dhuinn mar dhuais.
- 27 Eòin naomh ann a sgriobhadh féin,
 Thug dearbh chìnnte dhùinn dò-réir ;
 Gur pilcàr glòrmhor 's an teampull òir c
 Do mheud 's a threòraicheas e 'n a dhéigh.
- 28 'Na cathair rioghail 'nuair shuidheas siòs,
 'S i craobh na beatha bhios dhòibh mar
 bhiadh ;
 Na h-aibhnean brighmhòr 's na craobhan
 fiona,
 A bhios gu-siorruidh a casg' an iota.
- 29 Hallelù-i-a''s ceòl d' an cluaìs,
 A' canntainn cliù dhà ni 'n teanga fuain

Bithidh an càil a' gléusadh'sam fosgladhl béis;
 Le ceòl tha aoibhinn 's cha sguir am fuaim.

30 D'a reachdan naomha ma bheir sinn gèill,
 'S e 'rùn gu-siorruidh a bhi ruinn réidh ;
 'S e Rìgh nan Righ e, 's e 'm prionnsa sìth' e
 'S e 'n roghann phriseil d'a mhuinntear féin.

31 Siabaidh e o'n gruaidh gach déur,
 Eug, éugail, gach caoidh, 's gach péin ;
 Seinnibh dhà-san a nochd mòr-ghràsan,
 An cliù a's àird' am-feasd. Amen.

AM BOGHA-FROIS.

THE RAINBOUGH.

LE

C.—N.—B.

A Bhogha 'gheallaidh 's an Fheasgar,
Ciùin, taitneach do thrusgan, 's an spéur ;
Do dhealradh bòidheach, dathan gle dìrdheirc,
Dlù-mheasgte 'an òrdugh, gu réidh.

Is iomadh dreach th' ann do chòta
Tha dhà le cuig ann gu-h-òrdail ;
Do cheann air stairsneach na glòire,
Do chas air stòl a' chruinnce-ché.

Is mòr do ghlòir is àrd do chéum ;
Is tha thu rìmheach, bòidheach, tréun,
Cha n-eil ann duit coimeas fo'n ghréin
Cuspair airidh air airis do d' réir.

Tha thu buidhe 'us tha thu donn,
'Us tha thu dearg gun fhéirg a'd' chòm,

Tha thu uaine, òrail, àluinn,
Gòrm tha thu mar uisg an àrd-chuain.

Co is urrainn le càinnt do mholladh
Tha thu sona 's do chliù o d'iomhaigh
Tha thu gun ghaoid o thaobh nam flaithcas
Is tu faileus glan nan nèamhan.

Is ion le m' shùil ort-sa dearcadh
Air là mùthtach, drùighteach, frasach :
Fo dhòchas gu'n tig uair thaitneach
Mar òg-ghriàن o mhaduinn nan stuadh.

Thuit a' mhùig air tùr nam beann
'Us fhras uisg dòrch le toìrm 's a' ghleann ;
Ach chì mo shùil do dhrùchd, 's do bhnaidh
Talamh ùraicht', lìth ùrail, nuadh.]

Is tu Teachdair fìor a' gheallaidh,
Thug Dia gu-soilleir do Shliochd Adhaimh,
Nach bàthar an duine tuilleadh,
An-déigh do thuil Noâh tràghadh.

Tha do theachd 'us do dhol a' m' shùil
Maise do ghnùis, ùr air a' bhéinn,
'Lionadh nì'nnntinn le toilinntinn
'Toirt cinnteis air caoineas ar Dé.

A Thì, a theagaig saor na h-àirc',
Dhomh-s' thoir gràs, gu pilleadh riut ;
An creidcamh beò, o'n òl mo chrìdh'
O'n cheangal fhìor a rinneadh leat.

Mar sin thig beannachd o'n Ard-Rìgh,
 Air m' anam, 'us e sgìth 's an uair,
 'Roimh-bhlasad 'beathâ na sìthe,
 'Ta 'feitheamh air 'n àros gun truaigh.

O Sibhs' air-fad a dh'-éisd mo dhàn,
 Nach tòir sibh gràdh do fhuil an Uain ?
 Nis pillibh ris le creideamh tlà,
 'Us gheibh sibh buaidh air bàs 'us uaigh.

'Cha n-fhaca sùil, 'us cluas cha chual'
 No eridhe duine beò cha tuig
 Na nithe sin th' aig Rìgh na glòir,
 Do 'n dream d'a ionnsaidh-san, a thig'

O sibhse, dhaoine baoth gun tuigs',
 Eisdibh an-diugh ri gliocas fiòr
 A omaibh bhur eridhe ri sligh nèimh,
 'S na millibh maoin, 'us ùin, gun chiall.

Thigibh fo bhrataich Iosâ Naoimh,
 'Bheir dhùibh, o linn gu linn, bhur biadh ;
 Tha 'm *Bogha-frois*, gu-sìor, mu 'cheann
 S 'n a làimh, gach cumhachd shuas, 'us shìos.

